

Comataidh Inbhean MG ALBA

4/9/20, 0900-1200

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair) Màiri Kidd
Ailean Dòmhnallach Rhoda NicDhòmhnaill

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)
Ealasaid Dhòmhnallach (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Donaidh Dhòmhnallach (Manaidsear Gnìomhachais) [airson puing 6]
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

An làthair: Ben McLeish, Wylie & Bisset (airson puing 5)

Chaidh fàilte a chuir air Màiri Kidd agus Rhoda NicDhòmhnaill chun chiad choinneamh aca mar bhuill ùr. Chaidh cuideachd fàilte a chuir air Ben McLeish, Wylie & Bissett.

1. Leisgeulan

1.1 Lisa Annette.

2 Gnothach Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 5/2/20

3.1 Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 (11) – naidheachdan – chaidh innse nach deach coinneamh a chuir air dòigh eadar PP agus Àrd Neach-deasachaidh Naidheachdan Gàidhlig ri linn 's gun deach coinneamhan a chumail eadar PP agus sgioba àrd-stiùiridh a' BhBC. Chaidh innse gun tèid còmhraidhean le PP gu gluasad nuair a bhios Lèirsinn na buidhne air a dhealbhadh.

- 4.2 Adhartas nas Luaithe (Faster Rate of Progress) – chaidh coinneamh shoirbheachail a chumail leis an Leas Phrìomh Mhinistear air 2/9/20.
- 4.3 Chaidh coinneamh a chumail leis an Leas Phrìomh Mhinistear air 3/9/20 far an deach cùisean ionmhasail agus ro-innleachd a dheasbad mu SpeakGaelic . B’ e iarrtas airgid adhbhar na coinneimh agus thug an LPP taic don iomairt.
- 4.4 Chaidh litir a chuir gu Àrd-Stiùiriche `ur a’ BhBC, Tim Davie, far an deach fàilte a chuir air agus chaidh cothrom còmhraidh a thairgse dha san ùine air thoiseachd. Chaidh a chomharrachadh gu bheil ar Lèirsinn agus ro-innleachd air leth cudromach agus a dhol an sàs ann an còmhraidhean le luchd-ùidhe agus iomairtean a chuir air chois.

5. Ròl agus Dleastanas na Comataidh – aithisg Wylie & Bissett

- 5.1 Chaidh fàilte a chuir air Ben McLeish bho Wylie & Bissett chun na coinneimh.
- 5.2 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh na h-aithisg a fhuair bho W & B a’ coimhead ri dleastanas na Comataidh agus molaidhean co-cheangailte. B’ iad na prìomh phuingean còmhraidh:
- 5.3 Bha taic ann airson ainm ùr na comataidh (Comataidh Ro-innleachd agus Susbaint) agus airson dreach dleastanas na Comataidh.
- 5.4 Chaidh còmhradh a chumail air an daimh eadar a’ Chomataidh (fon dleastanas ùr) agus Bòrd na Co-bhanntachd - chaidh a dhaingneachadh gu bheil an dà fòram seo aig amannan a’ coimhead ri na h-aon chuspairean ach gum bu chòir gu bheil ròl eadar-dhealaichte aig gach fòram.
- 5.5 Chaidh cudromachd clàr-ama choinneamhan (sequencing) a chomharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheileas a’ coileanadh na a dhith air gach fòram.
- 5.6 Chaidh a chomharrachadh gu feumar a bhith faiceallach nach biodh meanbh ròl aig a’ Chomataidh ann a bhith a’ stèidheachadh bhuidseatan. Bu chòir gu bheil am Bòrd a’ stèidheachadh bhuidseatan agus a’ suidheachadh cudromachd ghnèithean agus dè na goireasan a thèid an cuir ri na gnèithean seo agus an uair sin an obair fhàgail aig oifigearan a choileanadh. Bu chòir don Chomataidh a bhith a’ dèanamh lèirmheas air na prìomhachasan a thaobh gnèithean sònraichte agus na h-argamaidean airson agus an aghaidh prìomhachas cosg airgid.
- 5.7 Chaidh ceist a chuir a thaobh dè am buaidh a bhios aig na h-atharraichean ann an dleastanas na Comataidh airson a’ Chomataidh Sgrùdaidh. Tha BM gu bhith a’ libhrigeadh aithisg eile a bhios gu ìre a’ freagairt na ceist seo.

- 5.8 Chaidh a chomharrachadh gu bheil an-dràsta ùghdarras tiomnaichte aig a' Chomataidh Sgrùdaidh atharrachaidhean a dhèanamh sna buidseatan mar a chaidh iad an cuir agus an deach an comharrachadh le Ofcom agus gu faodadh gun tigeadh an ùghdarras sin chun Chomataidh seo airson leithid tàlant/sgilean/rannsachadh agus an ùghdarras airson a' chòrr fhàgail aig a' Chomataidh Sgrùdaidh.
- 5.9 Feumaidh an aithisg a bhith soilleir a thaobh obair an sgioba àrd-stiùiridh agus obair nam ball mar bhuill neo-ghnìomhach.
- 5.10 Aig àm iomchaidh thathas am beachd gun dèan a' Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh lèirmheas air Riaghailtean Ionmhasail na buidhne gus dèanamh gu bheil am pròiseas riaghlaidheas iomchaidh.
- 5.11 **Co-dhùnadh:** 1) chaidh aontachadh ri ainm ùr na Comataidh agus ris an dleastanas ùr; 2) chaidh aontachadh ri molaidhean na h-aithisg; 3) thèid teannachadh agus sgioblachadh a dhèanamh air an aithisg; 4) thèid coimhead ri ciamar a bhiodh clàr-chùisean ann an da-rìribh coltach; 5) thèid clàr-obrach trì bliadhna a dhealbhadh; 5) thèid freagairt an sgioba àrd-stiùiridh a chuir ris an aithisg dheireannaich
- 5.12 **Gnìomh:** thig tionndadh eile mu choinneamh a' bhùird san t-Sultain airson aonta. **(Gnìomh: DC/MAM)**

6. Covid

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus mhìnich DMD an t-suidheachadh le Covid-19 agus an luchd-obrach.
- 6.2 B' iad na prìomh phuingeann còmhraidh:
- 6.3 Chaidh toraidhean suirbhìdh luchd-obrach a shealltainn. Chaidh innse gu bheileas 1) a' coimhead ri trèanadh mhanaidsearan loidhne gus cuideachadh le bhith a' taiceachadh an luchd-obrach; 2) a' coimhead ri siostam nas subailte a chuir an sàs san fhad-ùine a thaobh a bhith ag obair bhon taigh; 3) a' dèanamh measaidhean àite-obrach (work station assessments)
- 6.4 Chaidh deasbad a chumail mun roinn neo-eisimeileach bho sheadh eaconamach agus daonna. Chaidh innse bho sheadh coimearsalta gu bheil cùisean seasmhach agus gu bheil còmhraidhean gan cumail gu cunbhalach an dà chuid le solaraichean na seanail ach cuideachd leothasan a tha air obair a dhèanamh cheana.
- 6.5 Chaidh innse gun deach cuairt coimiseanaidh samhraidh fhoillseachadh agus bu bheileas ag obair gu mionaideach gus cunnart fo-chosgaisean a lùghdachadh agus gu bheileas a' toirt air adhart an ath chuairt coimiseanaidh gus dèanamh ceadachadh cosgais taobh a-staigh na

bliadhna ionmhais seo. Tha obair air sgrìobhadh agus aig ìre ro-riochdachaidh a' tachairt cuideachd sa bliadhna ionmhais seo.

- 6.6 Chaidh aithneachadh gu robh cunnart ann airson luchd-ciùil agus luchd-ealain agus gu bheilear a' feuchainn ri ùrlar seasmhach a thoirt dhaibh tro prògraman ciùil. Chaidh sgrìobhadh gu Rùnaire a' Chaibineit gus tairgse co-obrachadh ann a bhith gan taiceachadh agus gu robhas dòchasach gun tigeadh toraidhean à sin.
- 6.7 Bidh cuir air bhog didseatach ann airson clàr an Fhoghair agus gu bheil obair a' leantainn le tachartasan a bha gu bhith beò gus cumadh eadar-dhealaichte a thoirt orra.
- 6.8 Chaidh taing na Comataidh a thoirt don sgioba airson an obair air leth a bha ga dhèanamh

7. Deit na h-ath choinneimh – 2/10/20

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: